


STORYWORLDS



# Air chall sa cheò



Jill Atkins • Shelagh McNicholas



**Nota:**

'S e càrn a chanar ri pioramaid  
chlachan air a thogail airson slighe  
a chomharrachadh. Tha càirn rim  
faicinn air feadh Bhreatainn.

# Air chall sa cheò



An teaca Jill Atkins  
Na dealbhan Shelagh McNicholas  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill


STÒRLANN • ACAIR




A h-uile samhradh bha Alison a' dol  
a dh'fhuireach greis còmhla ri a seanair  
agus a seanmhair ann an Alba.  
Bha Seumas a' fuireach  
an ath-dhoras dhaibh.  
Aon latha brèagha bha Granaidh agus  
Alison a' dol air chuairt dhan bheinn.  
"An tig thu còmhla rinn?"  
thuirt Alison ri Seumas.  
"Thig. Bhiodh sin math," arsa Seumas.

Mach a dh'fhalbh iad,  
Alison, Granaidh agus Seumas.  
Chuir Alison a làmh na pòcaid  
agus thug i mach fìdeag.  
Shèid i an fhìdeag.  
Rinn an fhìdeag fuaim glè làidir.  
"Sguir dhen sin!" thuirt Granaidh.






Chuir Alison an fhìdeag air ais na pòcaid.  
Thug Granaidh a-mach mapa.  
“Tha mi ’n dòchas nach tèid sinn air chall,”  
thuirt i. Thachair boireannach le boireid  
buidhe riutha. Stad i greis a bhruidhinn ri  
Granaidh.



“Leanaibh an rathad air a bheil na càirn,”  
thuirt am boireannach. “An uair sin  
chan urrainn dhuibh a dhol air chall.”  
“Tapadh leibh,” arsa Granaidh.  
“Tha mi a’ faicinn nan càrn fad  
na slighe suas taobh na beinne,” ars Alison.

“Cuiridh mi geall gu lorg mise barrachd chàrn na thusa,” ars Alison ri Seumas.

“Cuiridh mise geall nach lorg,” thuirt Seumas. Ruith iad air thoiseach suas a’ bheinn, a’ leantainn an rathaid o chàrn gu càrn.



“Am faod sinn stad airson deoch?” dh’fhaighnich Alison.

“Stadaidh sinn nuair a ruigeas sinn am mullach,” arsa Granaidh.

“Chan eil fad againn ri dhol a-nis.”




Ràinig iad am mullach mu dheireadh thall.  
Shuidh iad uile sìos agus ghabh iad deoch.  
Bha iad a' faicinn bheanntan àrda, fada  
fada air falbh.



“Thugainnibh,” arsa Granaidh.  
“S fheàrr dhuinn tilleadh. Tha sgòthan  
dorcha an sin agus tha ceò a' tuiteam.”  
Thòisich Granaidh air cromadh on bheinn.  
Siud thuit i air an rathad.  
Ruith Alison a-null  
thuice.





“Dè thachair?” dh’fhaighnich Alison.  
“Ghoirtich mi m’ adhbrann,” thuirt  
Granaidh.  
Dh’fheuch i ri èirigh. “Cha chreid mi gun  
urrainn dhomh coiseachd,” thuirt i.



“Thèid mise a dh’iarraidh cuideachadh,”  
thuirt Alison. “Dè an taobh a thèid mi?  
Chan fhaic mi an ath chàrn.”  
“Feumaidh sinn uile fuireach an seo,”  
thuirt Seumas. “Ma dh’fheuchas sinn ri  
ar slighe a dhèanamh air ais tron cheò,  
thèid sinn air chall.”



Dh'èigh iad airson cuideachadh ach cha chuala duine iad. Dh'èigh agus dh'èigh iad ach cha do thachair dad. Cha robh duine gan cluinntinn.

Ach an uair sin chuir Alison a làmh na pòcaid. "Seall dè th' agam an seo," thuirt i, agus sheall i an fhìdeag dhaibh. Shèid i an fhìdeag cho cruaidh 's a b' urrainn dhi.



"Tha fios gun cluinn cuideigin am fuaim làidir sin," thuirt Granaidh. Shèid Alison an fhìdeag a-rithist, ach cha tàinig duine. "Siuthad, feuch a-rithist," arsa Seumas, agus shèid Alison na bu chruaidhe a-rithist agus a-rithist. An dèidh greis thuirt Seumas, "Tha mi a' cluinntinn cuideigin."



“Tha sinn an seo,” dh’èigh iad uile còmhla.  
“Tha mi a’ tighinn,” dh’èigh cuideigin air ais.  
“Dèanaibh nas urrainn dhuibh de dh’fhuaim.”  
Dh’èigh iad uile cho cruaidh ’s a b’ urrainn  
dhaibh agus shèid Alison air an fhèideig.  
An uair sin chunnaic i rudeigin  
buidhe a’ tighinn tron cheò.



“S e am boireannach leis an aid bhuidhe a  
th’ ann,” thuirt Alison.  
“Tha sinn cho toilichte gun cuala tu sinn,”  
arsa Granaidh.  
“Ghoirtich mise m’ adhbrann agus chan  
urrainn dhomh coiseachd.”  
“Tha mise cho eòlach air a’ bheinn seo ’s a tha  
mi air cùl mo dhùirn,” ars am boireannach.  
Chuidich i iad a’ toirt Granaidh sìos  
a’ bheinn.



Nuair a ràinig iad taigh Granaidh  
thug iad uile taing dhan boireannach.  
“Ciamar a lorg sibh sinn?” dh’fhaighnich  
Seumas. “Chuala mi an fhìdeag,”  
thuirt am boireannach. “Tha fuaim  
uabhasach làidir aice.”  
“Tha gu dearbh,” ars Alison agus shèid  
i a-rithist i. “O, squir, squir,”  
thuirt iad uile.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS  
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO  
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Jill Atkins 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997  
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004  
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air  
MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

**Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn**  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Jill Atkins a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh  
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 608 2